



Tha Comhairle nan Leabhraichean toilichte an cothrom fhaighinn beachdan na buidhne a thoirt seachad air an dreachd Plana Cànanain Nàiseanta Gàidhlig. Gheibhear gu h-ìosal molaidhean / beachdan na buidhne air na ceistean anns a' cho-chomhairle. Bha aon phuing caran farsaing againn ri thogail aig toiseach gnothaich. Chan eil aon iomradh air Litreachas na Gàidhlig an àite sam bith anns a' Phlana. Chan eilear a' dol a mheudachadh ionnsachadh na Gàidhlig as aonais leabhraichean Gàidhlig agus chan eilear a' dol a thoirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig as aonais sgrìobhadairean Gàidhlig ealanta a tha a' cuir ri beartais a' chànain anns na leabhraichean aca.

Far a bheil a' Phlana a' bruidhinn air na h-ealain, bu chòir dhan bhriathrachas a bhith cunbhalach, m.e. tha an dreachd a' bruidhinn air na h-ealain Ghàidhlig, na h-ealain, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail agus Gàidhlig anns na h-ealain. Bhiodh e na b' fheàrr cumail ris an aon bhriathrachas tron phlana agus thathar a' moladh gur e am briathrachas a leanas a thèid dhan dreachd deireannach den phlana:

Na h-ealain, litreachas, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail.

Ceist 1:

Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn?

Tha Comhairle nan Leabhraichean den bheachd gu bheil a' Phlana gu math soilleir agus furasta a thuigsinn. Tha sibh air structar freagarrach a chuir air. Tha e doirbh a dhol an aghaidh an àrd-amas agaibh ach chan eilear a' faireachdainn gu bheil cuideam gu leòr ga chur air cleachdadh na Gàidhlig. Tha iomradh gu leòr air teaghlaidhean ùra agus luchd-ionnsachaidh ach chan eil e soilleir càite bheilear a' faicinn na Gàidheal fhèin a' cur ris a' Phlana seo. Bheil teans ann gum bi na Gàidheal a' coimhead air a' Phlana seo mar rud oifigeil nach eil a' suathadh air na coimhearsnachdan Gàidhlig anns a bheil iadsan a' fuireach? Às bith dè am freagairt a bhios agaibh air a' cheist seo, mholadh sinn beagan a bharrachd cuideam a chuir air aon de na cinn a tha sibh air a chomharrachadh –

leasachadh agus fàs a thoirt air cleachdadh *leantainneachd* na Gàidhlig.

Ceist 2:

Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo?

Tha cur-air-adhart na Gàidhlig agus deagh ìomhaigh airson a' chànain mu dheidhinn tòrr mòr a bharrachd na bhith a' cur casg air naidheachdan àicheil. Bheil cunnart ann gu bheil Gàidhlig a-nis air fhaicinn mar cùis phoilitigeach agus gu bheil sin ag adhbharachadh àrdachadh anns an ìre de slaicean air a' chànain anns na meadhanan? Tha e cudromach gun tuig a' mhòr-shluaigh gu bheil taic poilitigeach eadar-phàrtaidh ann airson na Gàidhlig agus feuchainn ri stad a chuir air droch bheachdan mun chànain.

Dè tha na meadhanan Gàidhlig againn fhèin a' dèanamh mar freagairt air na naidheachdan àicheil an aghaidh ar cànan? Tha Gàidhlig air fhaicinn mar rudeigin a chuireas gu mòr ri beatha shòisealta, chultuiril agus eaconamach na dùthcha ach a bheil fianais follaiseach againn airson seo? Bheil coimhearsnachd na Gàidhlig agus gu sònraichte an òigridh dha-riribh ag aontachadh ri seo? Bheil an dreachd Plana a' cuir cuideam gu leòr air

feadhainn aig a bheil a' Ghàidhlig agus air inbhich òga?

Ma tha sibh a' dol a thoirt togail air na h-ealain Ghàidhlig anns an raoin seo, bu chòir dhuibh bruidhinn air:
Na h-ealain, litreachas, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail

Ceist 3:

Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A' bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig.

Tha an raoin seo cho farsaing agus gu bheil e air leth cudromach gum bi ro-innleachd sònraichte airson foghlam/ionnsachadh na Gàidhlig. Chan eil duin' againn a' dol an aghaidh na prìomh raointean a tha sibh air ainmeachadh ach dè na prìomhachasan leasachaidh a bhios agaibh fo na prìomh raointean? m.e.

- **Gàidhlig ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne** – cò air a tha sibh a' dol a chur an cuideam? sgilean Gàidhlig an luchd-obrach? / teisteanas iomchaidh a' stèidheachadh airson luchd-obrach? (dè feum air cùrsa HNC sa Ghàidhlig mura bheil comas labhairt Gàidhlig an luchd-obrach math gu leòr?)
- **Foghlam tron Ghàidhlig ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean** – a' bheil an ro-innleachd airson fastadh luchd-teagaisg a' crochadh air an ro-innleachd airson fàs a thoirt air sgoiltean Gàidhlig. An tèid agaibh air luchd-teagaisg a' lorg (agus a chumail) anns an caogad paraiste far a bheil sibh ag amas air fàs? Bha e-ionnsachadh a' dol ann an sgìrean iomallach ann an Srath Chluaidh bho chionn iomadh bliadhna. Chan e rud ùr a th' ann agus chan eil e-sgoil leis fhèin a' dol a thoirt leudachadh air an àireamh de chuspairean a thathar a' tairgsinn anns na h-àrd-sgoiltean. Bheil ro-innleachd agaibh airson àrd-sgoiltean gu sònraichte no bheil sinn a' dol a dh'fhaicinn an tuilleadh crìonadh anns an àireamh de dh'inbhich òga a' dèanamh cuspairean tron Ghàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean?
- **Foghlam luchd-ionnsachaidh ann am bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean / foghlam Gàidhlig do dh'inbhich / trusadh agus trèanadh luchd-obrach** – feumar ro-innleachd mhionaideach a bhith ann airson na raointean chudromach seo.
- **Goireasan agus taic airson ionnsachadh** – tha e cudromach gum bi farsaingeachd de ghoireasan leughaidh de gach seòrsa ann airson taic a chumail ri foghlam agus ionnsachadh. Chan eil iomradh sam bi air Comhairle nan Leabhraichean agus leabhraichean anns an liosta de phrìomh bhuidhnean ach bidh ìmpidh oirnn feumalachdan inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a choileanadh agus 's ann gu CnL a bhios sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail a tighinn nuair a tha iad a' lorg goireasan airson cànan agus tuigse na h-òigridh a leudachadh. Bhiodh CnL ro dheònach pàirt a ghabhail ann an iomairtean nàiseanta sam bith a bhios ag amas air beàrnann ann an goireasan agus taic a chomharrachadh agus a leasachadh.

Ceist 4:

Tha sinn den bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ire cleachdadh na Gàidhlig?

Tha na raointean a chaidh a thaghadh uabhasach cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha an liosta cho farsaing 's gu bheil e cudromach gu bheil tuigse ceart aig BnG air na h-oidhirpean agus iomairtean a tha mar-thà a' toirt piseach air cleachdadh na Gàidhlig. Feumaidh taic iomchaidh a bhith ann airson leudachadh a thoirt air na h-iomairtean is soirbheachaile. Thathar air fiosrachadh na thoirt seachad mun dòigh anns a bheil Comhairle nan Leabhraichean a' toirt piseach air prìomh raointean cleachdadh na Gàidhlig:

- **Cleachdadh na Gàidhlig ann an dachannan agus coimhearsnachdan:** tha iomairtean mar *Leugh agus Seinn le Linda*, *Leum dhan Leabhar*, agus tachartasan litreachais leithid leughaidhean agus leabhraichean ga chur air bhog air feadh na dùthcha a' togail aire agus a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha tachartasan poblach aig CnL air a' libhrigeadh tron Ghàidhlig le eadar-theangachadh mar aon dhaibhsan nach eil buileach fileanta.
- **A' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig le daoine òga:** tha sgrìobhadairean ficsean ùra a' tadhal air sgoiltean airson òigridh a bhrosnachadh. Tha cothroman leasachaidh (Sgeama an sgrìobhadair òg) ann dha òigridh aig a bheil ùidh ann an sgrìobhadh agus tha an sgeama a' toirt cothroman dhaibh co-labhairt airson òigridh a

libhrigeadh. Tha an taic a thathar a' cumail ri dràma Gàidhlig a' fàs luchd-amharc òga aig a bheil ùidh ann an dràma.

- **Gàidhlig anns an meadhanan traidiseanta agus nua-meadhanan:** tha CnL a' cleachdadh Gàidhlig gu cunbhalach airson na naidheachd a thathar a' sgaoileadh an dà chuid tro na meadhanan traidiseanta agus na nua-meadhanan. Tha dlùth chàirdeas eadar CnL agus na meadhanan Gàidhlig agus thathar ag obair ann an co-bhonn le BBC Alba airson sreath phrògraman ùra stèidhichte air *Leugh agus Seinn le Linda* a leasachadh. Thathar air ùrachadh a dhèanamh air cùrsa Gàidhlig a dh'aona ghnòthaich airson 's gum freagair e air feumalachdan luchd-obrach anns an meadhanan.
- **Gàidhlig anns na h-ealain, foillseachadh agus gnìomhachasan cruthachail:** tha CnL a' cumail taic ri tachartasan ealain le bhith a' fastadh bàird gus na dàin aca leughadh aig cèilidhean agus tachartasan ealain eile. Thathar a' cumail taic ri foillsichearan tron sgeama tabhartas na buidhne agus thathar air sreath de chùrsaichean a' stèidheachadh gu sònraichte airson sgilean sgrìobhaidh luchd-obrach na gnìomhachasan cruthachail a leasachadh.
- **Planaichean cànan Gàidhlig:** chan eil mòran ceangail air a bhith eadar CnL agus na buidhnean poblach aig a bheil planaichean cànan a dh'aindeoin a h-uile oidhirp a bhith gam brosnachadh gu bhith a' stèidheachadh buidhnean leughaidh agus stòras de ghòireasan a bheir cuideachadh dhan luchd-obrach aca a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.
- **Gàidhlig anns an àite-obrach:** tha CnL a' cleachdadh Gàidhlig mar cànan làitheil san àite-obrach. Bithear cuideachd a' tabhann chothroman greis gnìomhachais tron bhliadhna dha oileanaich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig. Tha an làrach-lìn againn dà-chànanach agus than a tha sinn a' sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta anns an dà chànan.
- **Cleachdadh na Gàidhlig ann an gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd i.m.s.a.a.:** tro sgeama nan tabhartas, tha CnL air taic a chumail ri iomadh Comann Eachdraidh leabhraichean stèidhichte air dualchas ionadail fhoillseachadh. Thathar a' strì fad na h-ùine gus leabhraichean Gàidhlig fhaighinn ann an ionadan turasachd agus àrainneachd.
- **Iomairtean a tha a neartachadh beartas, buntainneas agus cunbhalachd a chànan:** tha na sgrìobhadairean a tha a' faighinn tabhartasan barantais, agus foillsichearan a tha a' faighinn tabhartasan foillseachaidh a' neartachadh a chànan. Tha an stiùireadh a thathar a' toirt gu sgrìobhadairean agus foillsichearan agus an trèanadh a thathar a' libhrigeadh airson luchd-deasachaidh a' rèir GOC agus a' neartachadh cunbhalachd a chànan. Chaidh an sreath de chùrsaichean airson leudachadh sgilean sgrìobhaidh Gàidhlig a' leasachadh a dh'aona ghnòthaich airson neartachadh beartas, buntainneas agus cunbhalachd a chànan.
- **A' brosnachadh cheanglaichean le coimhearsnachd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile:** chan eilear a' smaoinneachadh gu bheil am prìomhachas seo cho cudromach ris a chòrr ach tha e airidh air taic. Tha 23% de na leabhraichean a tha CnL a' reic air loidhne a' dol gu Gàidheal air feadh an t-saoghail agus thathar a' lorg chothroman airson foillsichearan a tha an sàs ann am mion-chànanan eile ag obair ann an co-bhonn le foillsichearan Gàidhlig air co-fhoillseachaidhean (Futa Fada / Dalen is eile).

Ceist 5:

Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sinn agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, a' cleachdadh is ag ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi I air a cur gu feum?

Tha na prìomh ghealltanasan gu math farsaing ach tha Comhairle nan Leabhraichean a' cur fàilte agus cuideam air na gealltanasan a leanas:

- Gun tèid sgeul nas làidire mun Ghàidhlig a leasachadh agus a sgaoileadh
- Gun tèid na goireasan a th' ann airson ionnsachadh do dh'ìnbhich a leasachadh (bhiodh ùidh aig CnL taic a chumail ris an iomairt seo)
- Gun tèid seasmhachd a thoirt do na h-ealain Ghàidhlig gus cliù agus èifeachd na roinne a neartachadh (bheil teans ann gun gluais BnG gu cùmhnantan trì bliadhna mar a thathar a' faighinn bho Alba Chruthachail?)

Tha ceistean againn mu na gealltanasan a leanas:

- Bidh buidhnean Gàidhlig a’ cur am beachdan a-steach gu co-chomhairleachaidhean nàiseanta. (bheil sibh am beachd seo a bhith mar chumha air na cùmhnanntan againn? Cha bhi CnL ach ag ullachadh bheachdan air co-chomhairleachaidhean a tha a’ freagairt air litreachas no Gàidhlig no bhiodh sinn a’ cosg ur tìde gu lèir a’ lìonadh suirbhidhean.
- Thathar air moladh làidir a dhèanamh mar-thà air cho cudromach sa tha e gum bi ro-innleachd sònraichte airson ionnsachadh Gàidhlig
- Anns an roinn mu cleachdadh na Gàidhlig, tha cuideam mòr ga chur air cothroman gu leòr gus Gàidhlig a bhruidhinn agus chan eilear a’ faireachdainn gu bheil cuideam gu leòr ga chur air leasachadh sgilean leughaidh agus sgrìobhaidh.
- Leasachadh ùr a chur an sàs a bhios a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach – dè dh’fhaodadh a bhith an lùib iomairt mar seo? Dè an diofar a tha airgid GLAIF air a dhèanamh thairis air iomadh bliadhna?

Ceist 6:

Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingeagan eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal.

Chuireadh e gu mòr ris a’ Phlana nam biodh Gàrr-iomradh Gnìomha (Executive Summary) aig toiseach *Roinn 5: A’ Ghàidhlig ann an Alba*. Bhiodh e math cuideachd nam biodh fianais agus staitistearachd mun Ghàidhlig an cois an roinn seo. Ciamar a bhios fios againn gu bheil fàs a’ tighinn air a’ Ghàidhlig mura bheil fianais againn air an suidheachadh aig an ìre seo. Cuideachd, bhiodh e math nam biodh èarr-ràdh (appendix) aig cùl a’ Phlana le fiosrachadh mu na pìosan rannsachaidh air a bheil na prìomh ghealltanasan anns a’ Phlana stèidhichte.

Tha e na bhristeadh-dùil nach robh barrachd cuideam ga chur air cho cudromach sa tha Litreachas na Gàidhlig, leabhraichean agus foillseachadh airson sgilean cànan a’ leasachadh. Chan eil iomradh sam bith air mar a bhios sgrìobhadh agus sgrìobhadairean Gàidhlig a’ cur ri beartas agus buntainneas a chànain. Tha sibh a’ togail air mar a tha T.Bh agus rèidio a’ ceangail coimhearsnachdan ach chan eil an aon aithneachadh ga thoirt gu litreachas agus litreachail na Gàidhlig a tha cho cudromach ann a bhith a’ ceangal teaghlaichean agus coimhearsnachdan eadar-dhealaichte agus a’ brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig.